

SOILLSE

Saoghal Thormoid

Chlàraich Gòrdan Wells sreath de chòmhradhean sa Ghàidhlig le Tormod MacGill-Eain, a tha na sgrìobhadair, neach-ciùil is cleasaiche iomraiteach, fad seachdain aig deireadh a' Ghiblein, anns an do bhruidhinn Tormod air a' chuimhne a th' aige air beatha nan Gàidheal ann an Glaschu is na h-Eileanan bho mheadhan an fhicheadamh linn gus an latha an-diugh.

Tha na còig bhidiothan, a tha eadar 35 is 55 mionaidean a dh'fhaid, air am foillseachadh air-loidhne. Tha tar-sgrìobhaidhean facal-air-an-fhacal rim faotainn air Clilstore, a leigeas le luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sùil a chumail air a' bhriathrachas le briog luchag. Tha 27,000 facal ann uile gu lèir thar trì uairean gu leth de chlàraidhean, a bhios na ghoireas air leth airson luchd-ionnsachaidh agus luchd-rannsachaidh.

Bha Tormod a' bruidhinn air iomadh cuspair, nam measg beachdan is seallaidhean air fèin-aithne a dh'fhaodadh a bhith mì-chomhfhurtail, ach anns an fharsaingeachd bha gach latha stèidhichte air cuspair sònraichte, mar a chìthear sa chlàr shìos. 'S e co-obrachadh a th' anns a' phròiseact "Saoghal Thormoid" eadar Soillse, an com-pàirteachas rannsachaidh eadar-oilthighean, a chum taic airgid ri na clàraidhean tron Mhaoin Bheag Rannsachaidh, agus [Guthan nan Eilean](#), am pròiseact is tasglann coimhearsnachd dà-chànanach a bhios a' foillseachadh earrannan bhidio air-loidhne air beatha is obair anns na h-Eileanan Siar. Faodar na bhidiothan a chleachdadh saor an asgaidh.

Bheir na ceanglaichean sa chlàr sibh gu duilleagan iomchaidh aig Guthan nan Eilean. Gheibhear gearr-chunntas air còmhradh an latha air Wordpress, le ceanglaichean air adhart gu na stuthan. Bheir Clilstore tar-sgrìobhadh le "Wordlink" dhuibh, cuide ris a' bhidio. Air YouTube gheibhear a' bhidio leis fhèin, gun stuth a bharrachd.

	Cuspair	Ceanglaichean air Guthan nan Eilean
Diluain	Sinnsireachd	Post air Wordpress Tar-sgrìobhadh air Clilstore Bhidio air YouTube
Dimàirt	Foghlam	Post air Wordpress Tar-sgrìobhadh air Clilstore Bhidio air YouTube
Diciadain	Coimhearsnachdan	Post air Wordpress Tar-sgrìobhadh air Clilstore Bhidio air YouTube
Diardaoin	Cruthachalachd	Post air Wordpress Tar-sgrìobhadh air Clilstore Bhidio air YouTube
Dihaoine	Gàidhlig	Post air Wordpress Tar-sgrìobhadh air Clilstore Bhidio air YouTube

Chan eil na beachdan aig com-pàirtichean ann an rannsachadh Shoillse a' comharrachadh beachd oifigeil sam bith aig Soillse fhèin.

